


# Air latha brèagha samhraidh

Air latha brèagha samhraidh chaidh sinne cuairt don tràigh  
Thug sinn rudan cluiche leinn is aodach airson snàmh.  
Chunnaic sinn na crùbagan sna lòintean beag' a' tàmh  
's na rudan lìonmhor neònach a chaidh fhàgail leis an làn.

Bha sinn greis ri spòrs ann 's an uair sin greis san t-sàl  
Is fhuair sinn sligean bòidheach le dathan dearg is bàn  
Air latha brèagha samhraidh chaidh sinne cuairt don tràigh  
Thug sinn rudan cluiche leinn is aodach airson snàmh.

*On a lovely Summer day we went on a trip to the beach  
We took things for playing with us and swimming clothes  
We saw the crabs living in the little rock pools  
And lots of unusual things left with the tide.*

*We had fun for a while and then were in the sea for a while  
And we got beautiful shells of red and white colours  
On a lovely Summer day we went on a trip to the beach  
We took things for playing with us and swimming clothes.*



# Am muileann dubh

Tha nead na circe fraoiche sa mhuileann dubh, sa mhuileann dubh,  
Tha nead na circe fraoiche sa mhuileann dubh o shamhradh.

Sèist:

Tha 'm muileann dubh air thuraman,  
Tha 'm muileann dubh air thuraman,  
Tha 'm muileann dubh air thuraman  
'S e togairt dol a dhannsadh.

Tha gobhar is crodh-laoigh anns a' mhuileann dubh, sa mhuileann dubh,  
Tha gobhar is crodh-laoigh anns a' mhuileann dubh o shamhradh.

(Gach rann agus sèist air an seinn dà thuras)

*The moorhen's nest is in the black mill, in the black mill*

*The moorhen's nest is in the black mill, since summer.*

*The black mill is wobbling X3*


*Wanting to start dancing*

*There's a goat and milk cow in the black mill, in the black mill*

*There's a goat and milk cow in the black mill*

*In the black mill, since summer*

*(Sing each verse and chorus twice)*



# An deigh

Tha an deigh air an lòn  
a' dìosgail gun sgur,  
cuiridh mi mo bhròg  
sìos air a muin.  
Tha i mar uinneag  
a bhriseas fom bhròig,  
tha i mar rionnag  
le mìle spòig.

Is caomh leam an reothadh,  
is caomh leam an sneachd,  
ach tha na h-iseanan bochd  
leis an acras a-nochd.  
Bheir mi dhaibh criomagan  
de dh'aran is buntàt',  
bidh an druid 's am brù-dhearg  
aig an doras glè thràth.

*The ice is on the pool  
Endlessly creaking  
I will put my shoe  
Down on top of it  
It is like a window  
Which breaks under my shoe  
It is like a star  
With a thousand spokes*

*I like the frost  
I like the snow  
But the poor little birds  
Are hungry tonight  
I will give them crumbs  
Of bread and potatoes  
The starling and the robin will be  
At the door very early*



# Bai ù ohò

*Sèist: Bai ù ohò*

*Bai ù ohò*

*Bai ù ohò*

*Bai ohò bà*

*Cha bhi mise bhuat,*

*Cha bhi mise bhuat,*

*Cha bhi mise bhuat,*

*Mach air uair no dhà.*

***I'll not be away from you X3***

***Except for an hour or two***

*Gheibh thu bainne bhuam*

*Gheibh thu bainne bhuam*

*Gheibh thu bainne bhuam*

*Chan ann fuar ach blàth.*

***You'll get milk from me X3***

***Not cold but warm***

*Caidil thusa, luaidh*

*Caidil thusa, luaidh*

*Caidil thusa, luaidh*

*Is na gluais gu latha*

***Sleep, darling X3***

***And don't move until day(break)***



# Bàta Sheumais

Bàta Sheumais a' seòladh gu Barraigh  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd  
Bàta Sheumais a' seòladh gu Barraigh  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

Sèist:

Bàta bìodach, bàta bòidheach  
Bàta brèagha, bàt' aig a' bhodach bhochd  
Bàta dìreach, bàta deònach  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

Bàta Sheumais tighinn dhachaigh gu Leòdhas  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd  
Bàta Sheumais tighinn dhachaigh gu Leòdhas  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

Sèist.

Bàta Sheumais chaidh fodha air Rònaidh  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd  
Bàta Sheumais chaidh fodha air Rònaidh  
Bàta Sheumais is Seumas air bòrd.

Sèist.

*James' boat sailing to Barra  
James' boat and James is on board  
X2*

*A little boat, a beautiful boat  
A lovely boat, the poor man's boat  
A steady boat, a willing boat  
James' boat and James is on board*

*James' boat coming home to Lewis  
James' boat with James on board  
X2*

*James' boat which went under at Rona  
James' boat with James on board  
X2*



# Buain na rainich

Sèist:

Tha mi sgìth 's mi leam fhìn,  
Buain na rainich, buain na rainich.  
Tha mi sgìth 's mi leam fhìn,  
Buain na rainich daonnan.


Cùl an tomain, bràigh an tomain,  
Cùl an tomain bhòidhich,  
Cùl an tomain, bràigh an tomain,  
'H-uile là nam ònar.

'S tric a bha mi fhìn 's mo leannan  
Anns a' ghleannan cheòthar,  
'G èisteachd còisir bhinn an doire  
Seinn sa choille dhòmhail.

*I am tired, and I am alone,  
Cutting the bracken, cutting the bracken.  
I am tired and I am alone,  
Cutting the bracken always.*

*The back of the knoll, the top of the knoll,  
The back of the pretty knoll.  
The back of the knoll, the top of the knoll,  
Every day on my own.*

*Often, my love and I were  
In the misty wee glen,  
Listening to the sweet choir of the grove  
Singing in the dense forest*



# Bùth MhicAmhlaidh

Falbhaidh mi le ceuman beaga *(I will go with little steps)*

Falbhaidh mi le ceuman beaga

Falbhaidh mi le ceuman beaga

A-null gu bùth MhicAmhlaidh. *(Over to MacAulay's shop)*

Falbhaidh mi le ceuman mòra *(I will go with big steps)*

Falbhaidh mi le ceuman mòra

Falbhaidh mi le ceuman mòra

A-null gu bùth MhicAmhlaidh.

Leumaidh mi le leuman àrda *(I will jump with high jumps)*

Leumaidh mi le leuman àrda

Leumaidh mi le leuman àrda


A-null gu bùth MhicAmhlaidh.

Ruithidh mi le ceuman luatha *(I will run with fast steps)*

Ruithidh mi le ceuman luatha

Ruithidh mi le ceuman luatha

A-null gu bùth MhicAmhlaidh.



# Caidil is dùisg

Caidil is dùisg, caidil is dùisg,  
Sìn thu fhèin sìos air a' làr  
Caidil is dùisg, caidil is dùisg,  
Sìn sìos is caidil gu là.

*Sleep and wake up X2*  
*Lie yourself down on the floor*  
*Sleep and wake up X2*  
*Lie down and sleep till daytime*






# Cairistiona Chaimbeul

Tha i tighinn air an rathad, Cairistiona Chaimbeul;  
Tha i tighinn air an rathad, Cairistiona Chaimbeul;  
Tha i tighinn air an rathad, Cairistiona Chaimbeul;  
Cairistiona Ciorstaidh Anna, Cairistiona Chaimbeul.

Tha i bòidheach 's tha i laghach, Cairistiona Chaimbeul;  
Tha i bòidheach 's tha i laghach, Cairistiona Chaimbeul;  
Tha i bòidheach 's tha i laghach, Cairistiona Chaimbeul;  
Cuimir dìreach anns an ruidhle, 's cinnteach anns an danns'.

*She is coming along the road, Christina Cambell; X3*  
*Christina Kirsty Anna, Christina Campbell.*

*She is pretty, she is nice, Christina Campbell; X3*  
*Precise and upright in the reel, and sure in the dance.*



# Chan eil mo leannan ann an seo

Chan eil mo leannan ann an seo;  
Cha robh e raoir 's cha bhi e nochd;

*My sweetheart is not here;  
He wasn't (here) last night and he won't be  
(here) tonight;*

Chan eil mo leannan ann an seo,  
No fear a thogas m' inntinn.

*My sweetheart is not here,  
Nor a man who will lift my spirits.*

Sèist:

'S i ò al ò al ai di um,  
'S i ò al ò al ai di um,  
'S i ò al ò al ai di um,  
'S i ò al am 's i abhram.

Dh'ith thu 'n gruth is dh'òl thu 'm bàrr;  
Dh'ith thu 'n gruth is dh'òl thu 'm bàrr;  
Dh'ith thu 'n gruth is dh'òl thu 'm bàrr;  
Is dh'ith thu càis' an t-sàmhraidh.

*You ate the crowdie and drank the cream; X3*

*And you ate summer cheese*

# Èisg bhig

Èisg bhig, èisg bhig, nach tu tha math air snàmh?  
Gu dearbha feumaidh mise sin oir bidh mi snàmh gu bràth.  
Èisg bhig, èisg bhig, am fairich thusa fuachd?  
Chan fhairich idir, 'ille chòir, ged tha mi measg nan stuadh.



Èisg bhig, èisg bhig, a bheil thu idir sgìth?  
O chan eil, chan eil, chan eil, cha toigh leam bhith air tìr.  
Èisg bhig, èisg bhig, an leig thu idir d' anail?  
Is math a dh'fhaodas mise sin a-staigh am measg an fheamainn.

Èisg bhig, èisg bhig, dè dh'ith thu an-diugh?  
Lugaichean is boiteagan, is smodal anns an t-sruth.  
Èisg bhig, èisg bhig, càite bheil do dhachaigh?  
Tha mo dhachaigh anns a' chuan mìle mach on chladach.

*Little fish, little fish, aren't you good at swimming?  
Indeed I need to be because I'm forever swimming.  
Little fish, little fish do you feel cold?  
Not at all, dear fellow, although I am amongst the waves.*

*Little fish, little fish, are you ever tired?  
No, no, no, I don't like being on land.  
Little fish, little fish do you ever take a rest?  
I can easily do that in amongst the seaweed.*

*Little fish, little fish, what did you eat today?  
Lugworms and worms and fragments in the current.  
Little fish, little fish where is your home?  
My home is in the ocean a mile out from the shore.*



# I bhi à-da

I bhi à-da u-bha iodál-ana,  
I bhi à-da adal iodál ù-bha,  
I bhi à-da u-bha iodál-ana,  
I bhi à-da adal iodál ù-bha.

'S ioma rud a chunna mi,  
'S ioma rud a rinn mi,  
'S ioma rud a chunna mi,  
Muigh air feadh na h-oidhche.  
'S ioma rud a chunna mi,  
'S ioma rud a rinn mi,  
'S ioma rud a chunna mi,  
Muigh air feadh na h-oidhche.

Chunna mi na piseagan,  
na piseagan, na piseagan,  
Chunna mi na piseagan  
air spiris mac an t-saighdeir.  
Chunna mi na piseagan,  
na piseagan, na piseagan,  
Chunna mi na piseagan  
air spiris mac an t-saighdeir.

*Many a thing I saw  
Many a thing I did  
Many a thing I saw  
Out during the night  
X2*

*I saw the kittens,  
the kittens, the kittens,  
I saw the kittens  
on the soldier's son's roost.  
X2*



# Màiri Ruadh a' dannsa

Sèist:

Bidh Màiri Ruadh a' dannsa a-nochd,  
Dannsa gu madainn mhoch;  
Bidh Màiri Ruadh a' dannsa a-nochd,  
Nuair chluinneas i 'n druma bualadh.

*Red-haired Mary will be dancing tonight,  
Dancing until early morning;  
Red-haired Mary will be dancing tonight;  
When she hears the drum beating.*

Diluain, Dimàirt, Diciadain, Diardaoin,  
Obair thràilleil, 's obair chruaidh,  
Ach nuair a thig oidhche Dihaoin'  
Bidh Màiri Ruadh a' dannsa.

*Monday, Tuesday, Wednesday, Thursday,  
Slavish work, hard work,  
But when Friday night comes around,  
Red-haired Mary will be dancing.*

Coma leat leabaidh, 's coma leat sìth;  
Tha ceòl nar n-anam 's ceòl nar crìdh',  
'S leanaidh sinn dlùth tro shràidean Phort  
Rìgh  
Cas-cheum a' chòmhlain.

*You care nothing for bedtime, you care  
nothing for peace;  
Music is in our souls and music is in our  
hearts,  
And we'll follow closely through the streets  
of Portree,  
The footsteps of the band.*

Gleus a' phìob 's gleus an fhidheall,  
Caismeachd, 's ruidhle, 's puirt chridheil;  
Sìos tron bhaile bidh sinn a' tria"  
Is Màiri Ruadh a' dannsa.

*Tune the pipes and tune the fiddle,  
A march and a reel and a lovely tune;  
Down through the town we'll go,  
And red-haired Mary dancing.*



# Mòrag bheag

Sèist:

Mòrag bheag, nighean Mhurchaidh an t-saoir,  
'S aotrom a dh'fhalbh i,  
'S aotrom a dh'fhalbh i,  
Mòrag bheag, nighean Mhurchaidh an t-saoir,  
'S aotrom a dh'fhalbh i a phòsadh.

Cò an tè bheag a tha dawns air an làr?  
Tha bean na bainnse, tha bean na bainnse.  
Cò an tè bheag a tha dawns air an làr?  
Tha bean na bainnse 's cha mhòr i.

*Little Morag, daughter of Murdo the carpenter,  
She went off light-heartedly,  
She went off light-heartedly,  
Little Morag, daughter of Murdo the carpenter,  
She went off light-heartedly to marry.*

*Who is the little one who dances on the floor?  
It's the bride, it's the bride.  
Who is the little one who dances on the floor?  
It's the bride and she isn't big.*



# Na maragan aig Ruairidh

Sèist:

O dh'ith na coin na maragan,  
'S na lùba dubh aig Ruairidh,  
O dh'ith na coin na maragan  
'S na lùba dubh aig Ruairidh.

(X2)

'S e Seònaid rinn na maragan,  
Na maragan, na maragan;  
'S e Seònaid rinn na maragan,  
'S na lùba dubh aig Ruairidh.

(X2)

Sèist

Nuair dh'èirich mi sa mhadainne,  
Sa mhadainne, sa mhadainne;  
Nuair dh'èirich mi sa mhadainne,  
Chan fhaighinn grèim air Ruairidh.

(X2)

Sèist

(sèist agus gach rann air an seinn  
dà thuras)

*Chorus:*

*Oh the dogs ate the puddings  
And Rory's black puddings  
Oh the dogs ate the puddings  
And Rory's black puddings*

*(X2)*

*It was Janet who made the puddings  
The puddings, the puddings  
It was Janet who made the puddings  
And Rory's black puddings*

*(X2)*

*When I got up in the morning,  
In the morning, in the morning  
When I got up in the morning,  
I couldn't get a hold of Rory*

*(X2)*

*(sing each chorus and verse twice)*



# Nead na lacha san luachair

Nead na lacha san luachair

*The wild duck's nest in the rushes*

Nead na lacha san luachair

*The wild duck's nest in the rushes*

Nead na lacha san luachair

*The wild duck's nest in the rushes*

'S cuiridh mi mach air a' chuan thu.

*And I will put you out on the ocean*

Nead na lacha san luachair

*The wild duck's nest in the rushes*

Nead na lacha san luachair

*The wild duck's nest in the rushes*

Nead na lacha san luachair

*The wild duck's nest in the rushes*

'S cuiridh mi mach air a' chuan thu.

*And I will put you out on the ocean*

Hai-di didl-di didl-di

Hai-di dī-di dèro

Hai-didl dai-didl dai-didl


Dai-di didl-di dèro.

Hai-di didl-di didl-di

Hai-di dī-di dèro

Hai-didl dai-didl dai-didl

Dai-di didl-di dèro.





# Ruidhleadh na coilich dhubha

Sèist:

Ruidhlidh na coilich dhubha

'S dannsaidh na tunnagan;

Ruidhlidh na coilich dhubha

Air a' bhruach bhòidheach.

Air a' bhruach againn fhìn

Air a' bhruach àrd ud,

Air a' bhruach againn fhìn

Air a' bhruach bhòidheach.

(sèist agus gach rann air an seinn  
dà thuras)

*The black cockerels will dance*

*And the ducks will dance*

*The black cockerels will dance*

*On the lovely riverbank*

*On our own riverbank*

*On that high riverbank*

*On our own riverbank*

*On the lovely riverbank*

*(sing each chorus and verse twice)*



# Sùilean dubha

Sèist:

Sùilean dubha, dubha, dubh,

Sùilean dubh aig m' eudail.

Sùilean dubha, dubha, dubh',

Cuin a thig thu chèilidh?

Cha tèid mise mach a-nochd,

Cha tèid mise chèilidh.

Cha tèid mise mach a-nochd,

Is dùil agam ri m' eudail.

Cnocan beag a-muigh an sin,

Ceòl as binn à teudan.

Cnocan beag a-muigh an sin,

Cò bhios ann ach m' eudail?

*Dark, dark, dark eyes,*

*My darling has dark eyes.*

*Dark, dark, dark eyes,*

*When will you come to visit?*

*I will not go out tonight,*

*I will not go to visit.*

*I will not go out tonight,*

*As I expect my darling.*

*A small hillock outside there,*

*Most harmonious music from strings.*

*A small hillock outside there,*

*Who'll be there but my darling?*

# Tha bàta seòladh air a' chuan

Tha bàta seòladh air a' chuan  
tha bàta seòladh air a' chuan  
tha bàta seòladh air a' chuan  
is Alasdair ga stiùireadh.

Thèid i chun an ear 's an iar  
thèid i chun an ear 's an iar  
thèid i chun an ear 's an iar  
is Alasdair ga stiùireadh.

Dha na h-Innsean fad' air falbh  
dha na h-Innsean fad' air falbh  
dha na h-Innsean fad' air falbh  
is Alasdair ga stiùireadh.

Thèid i cuairt a-null dhan Fhraing  
thèid i cuairt a-null dhan Fhraing  
thèid i cuairt a-null dhan Fhraing  
is Alasdair ga stiùireadh.

Thig i dhachaigh 'm beul na h-oidhch'  
thig i dhachaigh 'm beul na h-oidhch'  
thig i dhachaigh 'm beul na h-oidhch'  
is Alasdair ga stiùireadh.

*A boat is sailing on the ocean X3*

*With Alasdair steering it.*

*It will go to the east and the west X3*

*With Alasdair steering it.*

*To the Indies far away X3*

*With Alasdair steering it.*

*It will go on a trip to France X3*

*With Alasdair steering it.*

*It will come home at dusk X3*

*With Alasdair steering it.*



# Uiseag bheag dhearg

Uiseag bheag dhearg na mòna duibh  
na mòna duibh, na mòna duibh,  
uiseag bheag dhearg na mòna duibh  
càite na chaidil thu raoir san ì?

*Little red skylark of the black peat  
The black peat, the black peat  
Little red skylark of the black peat  
Where did you sleep last night?*

Chaidil mi raoir air bhàrr an dris  
air bhàrr an dris, air bhàrr an dris,  
chaidil mi raoir air bhàrr an dris  
ach o! bha mo chadal cho sgìth.

*I slept last night on the bramble bush  
On the bramble bush, on the bramble bush  
I slept last night on the bramble bush  
But o my sleep was so weary*

Chaidil mi raoir air bhàrr nan tonn  
air bhàrr nan tonn, air bhàrr nan tonn,  
chaidil mi raoir air bhàrr nan tonn  
ach o! bha mo chadal cho sgìth.

*I slept last night on the crest of the waves  
On the crest of the waves on the crest of the waves  
I slept last night on the crest of the waves  
But o my sleep was so weary*

Uiseag bheag dhearg nan sgiathan òir  
nan sgiathan òir, nan sgiathan òir,  
uiseag bheag dhearg nan sgiathan òir  
càite na chaidil thu raoir san ì?

*Little red skylark of the golden wings  
The golden wings, the golden wings  
Little red skylark of the golden wings  
Where did you sleep last night?*

Chaidil mi raoir eadar dà dhuilleag  
eadar dà dhuilleag, eadar dà dhuilleag,  
chaidil mi raoir eadar dà dhuilleag  
is o! bha mo chadal cho sèimh.

*I slept last night between two leaves  
Between two leaves, between two leaves  
I slept last night between two leaves  
And o my sleep was so peaceful*

